Galatianaich 6[14].

"Nar leigeadh Dia gun deanainnsa uaill ach ann an Crann-ceusaidh Iosa Criosd - mo Thighearna"

Uaill anns an dearbh ni, a bha air a mheas, 'san aimsir ud, 'na mhollachd is 'na mhasladh - bu ghnothach annasach e. Dh' fhaodadh daoine uaill a dheanamh ann an iomadh rud, ach cha chualas riamh roimhe seo, a h-aon air bith a deanamh uaill 'san 'chrann-
- cheusaidh.

Oir bha an 'crann-ceusaidh agus am fulangas a 'bha co-cheangailte ris na ghnothach cho tàmailteach, cho borb, cho gràineil agus cho anacneasda, air chor 's nach fhaodadh e bean-tàinn na tighinn idir dluth do a h-aon de shaoranaichean na Roimhe.

Cha robh gin aca-san ri fulang air

dhoigh cho-aniochdmhor.
Mar sin b'e ceannaircich agus tràillean do nach robh e comasach sochairean na dian na h-Impireachd a thagradh a bha air an cur gu bàs air a mhodh seo.
Tuigear, uime sin, diolghead nan Iudhach ann a bhith toirt spéis do sgeul aig an robh cuid na gnothach ri bàs dhen t-seòrsa seo.
Agus bha a chùis na bu mhiosa rìam seallaidh an déidh na spàirn chruaidh a rinn iad fhéin chum Iosa a dhiteadh mar neach a choisinn bàs cho bruideil.
Agus, aig an àm cheudna, mheas iad mi-fhreagarrach gum fuilingeadh esan a bha gus an rìoghachd aiseag do dh' Israil bàs cho tàireil.
A thaobh nan Greugach - sluagh a bha comharraichte ann an eòlas, agus deigheil air a bhith rannsachadh agus a sgrùdadh mòran cheisdean, bha sgeula Phòil

faoin agus air bheag brìgh leotha.

Gnothach math, ma tà, nach b'ann le ghliocas na le comhairle dhaoine a rùnaicheadh na 'shealaicheadh reachd na saorsa. Oir bha bàs Chrìosd eadar-dhealaichte o gach bàs eile: bhàsaich esan mar fhear-saoraidh, agus mar neach a rinn rèite airson pheacaich tre fhuil a chrainn-cheusaidh.

Bha Pòl, aig aon àm, cho diorrasach agus cho gruineach ri neach a bha beò ann a bhith dìteadh na sgeula 'bha e a nis a luaidh le gàirdeachas.

Ach an uair a bu deagh-thoil Dhé a Mhac fhoillseachadh dha, thagair e gun robh "rùn Dhé a bha folaichte o thùs air a dheanamh aithnichte agus follaiseach troimh chrann-ceusaidh Iosa Crìosd." An déidh an fhoillseachaidh sin dh' fhalbh eud-cumhang agus gamhlas an Abstoil, agus fhuair e ùr-bheachd agus

ùr-shealladh air gach ni, agus sin a réir rùn Dhé.
Cha robh eadar-dhealachadh dha tuilleadh eadar na sloigh — "air an taobh Tighearna, a tha os cionn nan uile, tha e saoibhir do na h-uile a ghairmeas air."
"Tha sinn," ars'e fhéin, "a labhairt gliocas Dhé — ann an rùn-diomhair — an gliocas sin a bha follaichte, a dh'orduich Dia roimh an t-saoghail chum ar glòir-ne."
Choisrig e a bheatha cho iomlan do Chriosd agus a chum reachd na saorsa a dheanamh aithnichte do na h-uile dhaoine air chor 's gun d'thuirt e. "Cha mhise a tha beo, ach Criosd a tha beo annamsa."
Bha crann-ceusaidh Iosa Criosd, mar sin, dha na adhbhar uaill agus gàirdeachais, a chionn gun robh e na dhearbhadh air gràdh Dhé do'n t-saoghal.

5/ Fhuair e a leithid de bheachd air diomhaireachd
a' chroinn-cheusaidh, agus a leithid de
shealladh air Criosd, a seasamh an àite
agus air sgàth pheacach, air chor agus
gun do chleachd e uile-chomasan chum
meòrachadh air gnothach a bha iongantach
agus àghmhor leis.
"Bha Dia ann an Criosd, a deanamh an
t-saoghail reidh ris fhéin" - uile-chumhachd
Dhé air a chuir an céill chum teasraigeadh
pheacach. Chan fhoghnadh na bu
lugha. Bha Pòl dearbh-chinnteach nach
b'urrainn gnothach cho cudromach a bhith
air a chaochladh dòigh.
A bheil sinne riaraichte leis na rinneadh
air ar son? An do ghabh sinn còthrom
na slàinte a dh'ullaicheadh air ar son.
- slàinte a tha na barantas air gràdh
neo-chaochlaideach Dhé?
Ghiulain Criosd ar peacannan 'na

“chorp-fhéin air a chrann; agus le aiseirigh,
o na mairbh, dhearbh e guim b'esan
Mac Dhé le cumhachd.
“Bé iomhaigh an Dé-neo-fhaicsinnich-ceudghin
a chruthachaidh uile. Agus tha esan
roimh na h-uile nithean; agus tridsan tha
na h-uile nithean a co-sheasamh.”
Sheas e an àite an Athar fo chomhair
dhaoine, agus sheas e an àite dhaoine
fo chomhair Dhé an Athar.

Bha an crann-ceusaidh agus na
bha na' luib a' taisbeanadh do Phòl
adhbhar a' chruthachaidh, agus mar
an ceudna, a leigeil ris dha nadur
agus gné Dhé.
Ann an sgàthan a' chroinn-cheusaidh
chithear an duine-fodha thun nan
cluasan ann an clàbar salach an
uile; ach chithear ann, tuigsinn-
Dhé, ann an lànachd a ghràidh, agus

7

mòrachd a thruacantais.
Iongantas nan iongantas, an Athair a bhith fulang, maille ris a Mhac, air sgàth pheacach.
An ni faoin e, ma tà, an sealladh Dhé-daonie a bhith cur an suarachas, agus a deanamh tàir air ullachadh cho glòirmhor?
Rinneadh nà ghabhadh deanamh chum tearnadh pheacach: tha gach ni deas; agus tha gairm Chriosd ga seirm o cheithir chearnaibh an domhain - "Thigibh ain ionnsaidh-sa, sibhse uile a tha ri saothair agus fo thròm-uallaich, agus bheir mise suaimhneas dhuibh."
A 'bheil sinn uasal a leithid de Shlanaighear, agus a nochdadh air gràdh agus ar bàigh dha le 'bhith a togail fianuis shoillair air a thaobh gach latha?
Tha e buailteach do dhaoine gu tàraidh

anns a' cheart linn seo; a bhith deanamh
uaill nàn n-éuchdan fhéin.
Cuid a tha mòr-chùiseach nàs a thaobh
meud an eòlais; cuid nan stòras, agus
cuid eile a deanamh uaill nach 'eil iad
mar dhaoine eile.
Tha e furasda do'n duine a bhith gà mhealladh
fhéin a thaobh an dearbh ni as motha fheum air:
"Chan ann an am mòr-phailteas na nithean
a tha e sealbhachadh a tha beatha an duine".
Am beachd Chrìosd bha glòir an duine
a co-sheasamh nà dhaimh cheart ri
Dia, agus tha an daimh sin - ag
ciallachadh làn shaorsa cloinne
Cha riaraich suidheachadh eile cridhe Dhé;
agus cha mhotha gheibh cridhe luaineach
an duine sìth air dhòigh eile.
B'aineadas an sealladh Chrìosd dhail
agus ìupraid n'ams feadhnach nach
beireadh air mionaid chum crìoch àraidh

am beatha 'thoirt-fainear.
Bha agus tha seirm a chroinn-chéusaidh
na oilbheum dhaibh-san a tha fo bhuaidh
na h-inntinn fheòlmhor. Tha cuid leis nach
toil cuireadh an t-Soisgeil a fhreagairt air
eagal gun tigeadh orra àicheadh sam
bith a dheanamh. Cuid eile nach 'eil fuar
na teth, ach leis am bu mhiann co-chòrdadh
a dheanamh a réir am beachd fhéin.
Than ne ar barail 'nà'air beachd a tha
Criosd a sireadh, ach umhlachd tre
chreideamh.
Co-dhiubh a chreideas sinn na nach creid,
tha sinn uile fo bhinn an t-soisgeil;
agus aon ni cinnteach cha téid mòr-
-chuis na féinealachd an t-saoghail
ceum nas fhaide leinn 'nan uaigh.
A ris, ar leam gun tigeadh e dhuinn
ar guth-molaidh agus taingealachd a
thogail maille ris an Abstol, as leth

Chrìosd. Nach do chuir e maise agus urram air ar daonnachd; agus nach do nochd e le fulangas a ghràidh luach gach anama?

Chan 'eil spàirn sam bith ri dheanamh ann a bhith leigeil de anam dol a dholaidh; ach is mòr am beud a bhith faicinn anam a seargadh an uair a dha äbhainn fìorghlan de dh'uisge na beatha a srutha am mach o rìghchathair Dhé agus an Uain.

Ach a dh'aindeoin fialaidheachd Dhé; agus ar leam gu bheil e air leth fialaidh, do dhaoine nach do thoill sin, cha bhith cridhe an duine air a ghluasad le buidheachas iomchuidh da thaobh, ach tre shealladh air Crìosd an crochadh air a chrann.

Chan ann le tuiteamas a théid neach air bith a stéach do rìoghachd Dhé, oir chan 'eil e ann an comas an duine a fhéin fhireanachadh na réite a dheanamh

eadar e fhéin agus Dià.
Tha Dià, na ghràdh Athaireil, réidh, cheanna, ris na h-uile, ach cha lugha na éifeachd a chroinn-cheusaidh a cho-éigneicheas peacaich chum creidsinn 'na ghràdh, agus iad fhéin earbsa, ris le dànachd agus muinighin cloinne.
Ma tha cuid dein bheachd - rud a tha - nach 'eil e gu mòr stàth dhaibh, co-dhiubh chreideas na nach creid iad teachdaireachd na slàinte; smaoinicheadh iad air tàmailt agus àmhghar Chriosd air an sgàth.
Tha e luachmhor dhaibhsan a mhàin, a bheir fainear agus a chreideas, ach chan 'eil do chàch.
Ach a nis, ma tà, tha seo ri ràdh — gur e gnìomh a dhearbhas creideamh, agus gu'bheil e mar fhiacaibh orra-san a tha creidsinn - an creideamh a

a dhearbhadh le'r caithe-beatha.
Chan'eil gainne stòrais oirnn, ma tha sinn deònach fein ceart a dheanamh dheth. Oir is e "Criosd cumhachd Dhé agus ghliocas Dhé" dhaibhsan a roghnaicheas a leantainn.

A dh'aindeoin sin uile, cha bhith furasda do'n spiocaire-esan a tha daonnan air a chorra-biod, air eagal gun tig air cus a thoirt seachad na dheanamh, fianuis thogarrach a thogail air taobh Chriosd.

Tha aoibhneas agus sith a chriosdaidh an crochadh air tomhas a dhùrachd agus a dhìlseachd dhasan a ghràdhaich e agus a thug e fhéin air a shon.

A ris — "dhasan a ghràdhaich sinn, agus a dh' ionnlaid sinn o ar peacaidhean na fhuil fhéin, agus a rinn righrean dhinn, agus sagairt do Dhia, agus da Athair-san dhasan gun robh glòir agus cumhachd gu saoghal nan saoghal".